



Aonghas Pàdraig Caimbeul

Tha Aonghas Pàdraig Caimbeul air iomadach duais fhaighinn ma Sgrìobhaiche, eadar Crùn na Bàrdachd agus Duais Alba Cruthachail. Rugadh e ann an Uibhist-a-Deas agus thug e a-mach Ceum le Urram ann am Poileataics agus Eachdraidh o Oilthigh Dhùn Èideann.

Tha e aithnichte mar bhàrd, nobhailiche agus chraoladair. O chionn ghoirid ghabh e am prìomh phàirt anns am film Gàidhlig, ‘Seachd’.

Chaidh an nobhail aig ‘An Oidhche Mus Do Sheòl Sinn’ ainmeachadh anns a’ Chiad Deich dhe na Leabhraichean as Fheàrr a chaidh a’ sgrìobhadh riamh an Alba ann an cunntas poblach dhan iris ‘The List’ ann an 2006.

Thèid cruinneachadh dhen bhàrdachd aige fhoillseachadh am bliadhna fhathast le Acair ann an 3 cànanan na h-Alba : A’ Ghàidhlig, Albais agus A’ Bheurla. Tha e a’ fuireach anns an Eilean Sgitheanach.